



ARTICLE

Com-pàirteachadh phàrant gus taic a thoirt dha ionnsachadh (cànain) - ionnsachadh bho sgrùdadh "Gàidhlig a thoirt dhachaidh"

Ingeborg Birnie, ingeborg.birnie@strath.ac.uk

University of Strathclyde, Scotland

 <https://orcid.org/0000-0001-8227-9364>

Kerrie Kennedy

University of Strathclyde / Argyll & Bute Council

DOI Number: <https://doi.org/10.26203/3wdf-tp75>

Copyright: © 2023 Birnie *et al.*

To cite this article: Birnie, I. and Kennedy, K., (2023). Parental engagement and involvement in supporting (language) learning: lessons from the "bringing Gaelic home" study. *Education in the North*, 30(1) pp.52-68.



This is an open-access article distributed under the terms of the Creative Commons Attribution-Non-commercial License (<https://creativecommons.org/licenses/by-nc/4.0/>), which permits non-commercial use, distribution, and reproduction in any medium, provided the original author and source are credited.

Com-pàirteachadh phàrant gus taic a thoirt dha ionnsachadh (cànain) - ionnsachadh bho sgrùdadh "Gàidhlig a thoirt dhachaidh"

Ingeborg Birnie, ingeborg.birnie@strath.ac.uk

University of Strathclyde, Scotland

Kerrie Kennedy

University of Strathclyde / Argyll & Bute Council

Geàrr-chunntas

Tha am pàipear seo air co-dhùnaidhean pròiseact rannsachaidh stèidhichte ann am bun-sgoil a bha a' cleachdadh modhan measgaichte a bheachdachadh. Bha an rannsachadh airson buaidh aig dùnadh sgoiltean air sgàth 's a' ghalair lèir-sgoilte Covid-19 agus na h-amannan ionnsachadh dachaigh air togail cànain ann an cloinn ann am bun-sgoile anns a' chiad bliadhnaichean den bun-sgoile a sgrùdadh. A' cleachdadh dàta a chaidh a chruinneachadh tro shuirbhidhean phàrantan is thidsearan, còmhla ri fiosrachadh bho sgrùdadh agus measaidhean sa chlas agus còmhraidhean leis na sgoilearan fhèin, bha toraidhean an rannsachadh seo a' sealltainn nach robh mòran chothroman aig a' mhòr-chuid de cloinne Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh ro agus aig àm dùnadh sgoiltean, ach gun tug stuthan ionnsachaidh air-loidhne, stuthan lèir-chlaistinneach (gu sònraichte an fheadhainn a rinn an tidsear) agus gèamaichean air-loidhne cothroman don cloinne a' cumail leis ionnsachadh (cànain) agus a' cruthachadh cothroman a' Gàidhlig a thoirt a-steach don dachaigh ann an dòigh a bha cuideachail don luchd-cùraim le a bhith a' faighinn seachad air an iomagainean a thaobh obair-dachaigh tro mheadhan na Gàidhlig agus iad a' faireachdainn gu bheil iad nam pàirt de phròiseas ionnsachaidh an cuid cloinne.

Faclan-luirg: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, foghal mion-chànanan, conaltradh phàrantan, dòighean rannsachaidh measgaichte, togail cànain

Ro-ràdh

Coltach ri iomadh dùthaich eile, chaidh na sgoiltean ann an Alba air an dùnadh airson teagasg aghaidh-ri-aghaidh airson a' mhòr-chuid de chloinn aig toiseach a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19 tràth san earrach 2020. Ann an Alba lean a' chiad dùnadh nan sgoiltean seo chun Lùnastal 2020, agus an uair sin chaidh seo a leanntainn le dùnadh nan sgoiltean eile san Fhaoilleach 2021, a mhair dà mhios. Aig àm dùnadh nan sgoiltean chaidh an teagasg agus ionnsachadh ath-smaoineachadh, air falbh bho modh traidiseanta, le clann an làthair anns an t-seòmar-teagasg agus a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh aghaidh-ri-aghaidh, gu modail a bha ag amas air solarachadh foghlaim air astar. Bha solarachadh foghlaim air astar a' gabhail a-steach an dà chuid teagasg sioncronaich, far am biodh a' clann agus daoine òga a' gabhail pàirt ann an seiseanan beò, cho math ri teagasg neo-shioncronach far an deach gnìomhan a thoirt seachad airson a thoirt gu buil ach gun stiùireadh an luchd-teagaisg (Brown et al., 2021).

Bha dùnadh nan sgoiltean airson teagasg air a thachairt aig an aon àm ri cuingealachaidhean sòisealta eile air coinneamhan aghaidh-ri-aghaidh agus com-pàirteachadh ann an cur-seachadan ann am buidheann. Tha còmhraidh air dùnadh nan sgoiltean air a bhith stèidhichte air buaidh àicheil a th' aig na cuingealachaidhean air slàinte is sunnd cloinne (faic, mar eiseimpleir, (Chaabane et al., 2021; Hoffman & Miller, 2020; Wu et al., 2022) agus an dòigh anns a bheil seo air àrdachadh neo-ionannachd ion-chur agus inntigridh ri goireasan teagaisg (Bayrakdar & Guveli, 2020; Pensiero et al., 2020) far a bheil Riaghaltas na h-Alba (2021) ag aithneachadh 's dòcha nach d' fhuair clann agus daoine òga an curraicealam slàn. Ach, ged a tha am fòcas air faighinn seachad air 'ionnsachadh air chall' (Nugroho et al., 2020; Whitehead et al., 2021), bha seo cuideachd àm de ùr-ghnàthach ann an teagasg agus ionnsachadh, far an robh cothroman air an cruthachadh do luchd-foghlaim gus cleachdaidhean agus mothan-obrach làithreach teagaisg agus ionnsachaidh a mheasadh agus ro-ionnleachdan teagaisg ùra fheuchainn.

Bidh an aiste seo a' beachdachadh toraidhean pròiseact air beag-sgèile agus ioma-mhodhail stèidhichte air rannsachadh neach-cleachdaidh. A' cleachdadh dàta a chaidh a chruinneachadh tro shuirbhidhean phàrantan is thidsearan, còmhla ri fiosrachadh bho sgùdadh agus measaidhean sa chlas agus còmhraidhean leis na sgoilearan fhèin, bha an rannsachadh seo airson buaidh gnìomhan litearrachd agus stuthan airson ionnsachadh na Gàidhlig neo-shioncronach air adhartas agus com-pàirteachas leis a' chànan, an dà chuid ro agus an dèidh dùnadh nan sgoiltean. Bha an rannsachadh seo a' sealltainn gun robh clann a bha an sàs gu dìlseach ann an gnìomhan obair-dachaigh air-loidhne nas earbsach agus nas fhèarr cleachdadh na Gàidhlig an coimeas ri clann nach robh an sàs no dìreach an sàs nas lugha na 50%.

Tha na toraidhean a' sealltainn cuideachd gur e am prìomh luchd-cùraim na cloinne am buaidh as motha ann an coileanadh gnìomhan obair-dhachaigh no ionnsachadh dhachaigh aig a' chlann. Thug buaidh factaran teicneolas (inntigridh gu innealan augs litearrachd didseatach) buaidh air coileanadh cho math ri ideòlasan ionnsachadh na Gàidhlig agus faireachdainn a thaobh comasan taic a thoirt dhan chuid cloinne. An taca ri gnìomhan obair-dachaigh traidiseanta, a tha gu tric a' gabhail a-steach

leasachadh sgilean litearrachd tro ghnìomhan leughaidh is sgrìobhaidh, bha luchd-cùraim nas toilichte a bhith a' toirt taic ri gnìomhan lèir-chlaistinneach neo-shioncronach agus bha seo a' ciallachadh gun robh barrachd Gàidhlig air a cleachdadh aig an taigh. Tha na co-dhùnidhean seo a' toirt cothrom gu modhan-obrach a thaobh obair-dachaigh, an dà chuid taobh leasachadh cànan agus literrachd cho math ri roinnean ionnsachaidh eile ath-smaoineachadh gus com-pàirteachas ionnsachaidh eadar an sgoil agus an dachaigh a bhrosnachadh agus a neartachadh.

Co-theacsa an rannsachaidh

'S ann stèidhichte ann an sgoil far a bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtMG) a sholarachadh. Aig àm an rannsachaidh seo, bha FtMG ga libhrigeadh ann an 61 àitichean thar 15 de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba, le 3,701 sgoilearan (0.9% den sgoilearan aois bun-sgoile ann an Alba) (Morgan, 2021). Tha FtMG stèidhichte air bun-phrionnsabalan foghlam mhion-chànanan bonntaichte air teagasg Fraingis gu sgoilearan aig a bheil Beurla ann an Canada (Genesee & Jared, 2008) agus a tha air amas air dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd fileantachd agus litearrachd ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chlann (Her Majesty's Inspectorate of Education (Scotland), 2011). Ann an Alba tha seo a' ciallachadh gum bi teagasg agus ionnsachadh a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin (bogadh slàn) airson a' chiad trì bliadhna, leis a' Ghàidhlig fhathast na prìomh cànan teagasg agus ionnsachaidh an ceithir bliadhna mu dheireadh den bhun-sgoil ach far am bi a' Bheurla a' toirt a-steach (O'Hanlon, 2010).

Chan eil comas labhairt, no teaghlach aig a bheil a' chànan no le ceanglaichean ris a' Ghàidhlig, nan ro-ghoireasan airson FtMG (an taca ri foghlam cànan Sami ann an Nirribhidh far a bheil seo dìreach ann airson cloinne aig a bheil ceanglaichean teaghlach ris a' chanan (Jakobsen, 2011). Gu dearbh, chan eil a' mhòr-chuid de chloinn ann am FtMG a' fuireach ann an teaghlach far a bheil co-dhiù aon neach a' bruidhinn na Gàidhlig (McLeod, 2010) agus 's iad a' fuireach ann an coimhearsnachdan far a bheil nas lugha na 2% den sluaigh comasach a' Ghàidhlig a bhruidhinn (National Records of Scotland, 2015). Tha seo a' togail ceistean cudromach a thaobh adhbharan clàraidh. A rèir Ule et al. (2015), tha luchd-cùraim air co-dhùnidhean a dhèanamh thaobh seòrsa de fhoghlam agus airson FtMG tha seo a' ciallachadh gum bi iad a' taghadh for-ghnìomhach a dhèanamh gus an cuid cloinne aca a chlàradh ann am FtMG (Johnstone, 2002).

Chaidh aithneachadh le O'Hanlon et al. (2010) gu bheil luchd-cùram a' taghadh FtMG airson an cuid chloinne airson iomadh adhbhar eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach ceanglaichean ri dearbh-aithne ionadail is nàiseanta, ach cuideachd buannachdan (mothaichte) dà-chànanais agus foghlam dà-chànanach. Tha factaran eile gan toirt buaidh air an taghadh aig luchd-cùraim seo – mar eisimpleir solarachadh FtMG san sgìre (agus còmhdaile sgoile) no cliù na sgoile (O'Hanlon, 2014), ach cuideachd ro-bheachdan a thaobh meudan chlasaichean agus feartan an fhoghlaim (Birnie, 2018; Stephen et al., 2012). Tha co-dhùnidhean aig luchd-cùraim a thaobh FtMG gu tric toinnte ach tha aon de na chnapan-starra nas motha a chaidh ainmeachadh dìth comasan Gàidhlig, a' ciallachadh nach fhaod iad an cuid cloinne a chuideachadh le ionnsachadh agus gu sònraichte obair-dachaigh (O'Hanlon, 2014). Tha seo a' ciallachadh gun robh dùnidhean na sgoile a sgàth 's Covid-19, far an robhar an dùil gum bi luchd-

cùraim a' toirt taic ri ionnsachaidh aig an taigh (Hajar & Manan, 2022), air dùbhlán a bharrachd a thoirt orra.

Tha na dùilean aig luchd-cùraim aig àm dùnadh nan sgoilean air sgàth 's Covid-19 air a bhith mar shìneadh de ghniomhan obair-dachaigh, far am faodar obair-dachaigh a mhìneachadh mar ghniomhan a tha air an toirt gu sgoilearan le tidsearan airson dèanamh taobh a-muigh co-theacsa na sgoile (Patall et al., 2008). Tha Epstein and Sheldon (2002) air obair-dachaigh a mhìneachadh mar an ceangal eadar àrainneachd ionnsachaidh na sgoile agus an taigh, le luchd-cùraim ga aithneachadh mar am prìomh dòigh anns am b'urrainn dhaibh a bhith an sàs le foghlam an cuid cloinne (Katz et al., 2014) agus taic a thoirt le cleachdaidhean obrach agus rianachd ùine (Farrell & Danby, 2015). Tha diofar dòighean aig an luchd-cùraim taic a thoirt dhan chuid cloinne le obair-dachaigh, a' gabhail a-steach stiùireadh, a' cur air dòigh uidhemachd (Fitzmaurice et al., 2020; Safriyani, 2022) ach cuideachd gam brosnachadh le taic saidhg-eòlach agus inntinn gus an obair-dhachaigh a choileanadh (Ule et al., 2015). Tha an ìre de com-pàirteachas luchd-cùrain stèidhichte air na beachdan aca fhèin a thaobh fhèin-èifeachdas agus comas (mothachta) taic a chur ri ionnsachaidh aig a' chlann aca (Green et al., 2007).

Tha tidsearan bun-sgoile an dùil gum bi luchd-cùrain a' toirt taic dhan cloinn aca le leasachadh sgilean litearachd is cànan tro (èisteachd ri) leughadh is litreachaidh (Fitzmaurice et al., 2020). Ann an FtMG bidh seo a' ciallachadh leasachadh sgilean litearachd Gàidhlig, gu sònraichte aig ìre bogaidh de chiald threas bliadhna de bhun-sgoil, fòcas an rannsachaidh seo, agus ìre de fhoghlam far am bi luchd-cùraim an sàs nas trice ann am foghlam agus ionnachadh na cloinne aca (Daniela et al., 2021; Hornby & Lafaele, 2011). Tha na dùilean seo air dùbhlán sònraichte a thoirt aig luchd-cùraim le clann ann am FtMG oir tha e neo-choltach gu bheil iad fileanta sa chànan fhèin (O'Hanlon et al., 2010).

Tha seo air dà-sgaradh a dhèanamh eadar seilbheachd aig an luchd-cùraim ann an soirbheachas – gun umhail air a' mhìneachadh de seo – às dèidh an cuid cloinne a chlàradh ann am FtMG (Johnstone, 2002) agus na comasan aca taic ionnsachaidh a thoirt dhaibh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cuid de luchd-cùraim a' faireachdainn iomagaineach (Kavanagh & Hickey, 2013), agus bidh seo, air adhbharachadh beachdean àicheil aig an luchd-cùraim a thaobh gnìomhan obair-dachaigh agus an deòin aca a bhith an sàs le ionnsachadh na cloinne agus an sgoil san fharsaingeachd (Fitzmaurice et al., 2020; Hornby & Lafaele, 2011). Faodaidh na beachdan seo, sgaoilte a-muigh no fillte a-staigh, air buaidh mhòir a thoirt ann am fèin-bhrosnachadh cloinne gus gnìomhan obair-dhachaigh a choileanachadh (Head, 2020; Hutchison, 2012; Patall et al., 2008). Bha na beachdan agus ideòlasan an luchd-cùraim gu sònraichte cudromach aig àm dùnadh sgoilean air sgàth 's Covid nuair a bha a' mhòr-chuid de na ghniomhan sgoile, coltach ri obair-dhachaigh, neo-shioncronach, leis an dùil gum bi luchd-cùraim air taic a thoirt dhan chlann seo a choileanadh (Safriyani, 2022).

Bha dùnadh nan sgoilean a' ciallachadh gun deach dòighean teagaisg cian èiginneach a stèidheachadh – cha deach na dòighean teagaisg sin air a dhealbhadh ro-làimh mar phàirt de phrògram teagaisg is ionnsachaidh ach mar fhreagairt dhìreach dhan ghluasad gu teagasg agus ionnsachadh air loidhne (Hodges et al., 2020). Bha an gluasad seo gu cleachdadh teicneòlasan air-loidhne a' ciallachadh gum bi iarrtasan na sgoile air toirt dhan dhachaigh (Head, 2020), agus, air sgàth 's nàdar èiginneach a'

ghluaisaid seo, bho ionnsachadh aghaidh-ri-aghaidh gu ionnsachadh air astar, cha dh'fhuair a' chlann no an luchd-cùraim mòran taic ann an cleachdadh goireasan didseatach seo (Daniela et al., 2021), a' toirt bacadh a bharrachd air luchd-cùraim a bha aca ris na gnìomhachdan (proifeasanta) aca a chur air chois cuideachd (Hajar & Manan, 2022), agus factar eile ann an dàimh fhille eadar am buidheann de chùram-cloinne seo le clann ann am FtMG agus na dùilean a thaobh taic le gnìomhan obair-dhachaigh.

An rannsachadh

Fhuair an rannsachadh seo cead beusail bho Chomataidh Beusachd Sgoil an Fhoglaim aig Oilthigh Shrath Chluaidh. Le cead a bharrachd bho ceannard na sgoile far an robh an rannsachadh stèidhichte. Chaidh an rannsachadh seo a' leanntainn paradaidhm rannsachadh luchd-cleachdaidh (Baumfield et al., 2012), agus bha e stèidhichte ann an sgoil ann an ceann a tuath Alba le aonad FtMG. Tha suidheachadh an aonaid seo coltach ri suidheachadh a' mhòr-chuid de na sgoiltean a tha a' tabhann FtMG le aon no dhà chlas (dà chlas anns an sgoil a chaidh a chleachdadh airson an rannsachadh seo) far a bheil a' Ghàidhlig ga chleachadh ach far a bheil a' Bheurla na cànan sgoilearan eile. Bha na clasaichean FtMG san sgoil seo ioma-fhillte (le aon chlas a' tabhann ìre làn-bogaidh agus an clas eile a' tabhann ìre bogaidh. Bha an sgoil stèidhichte ann an coimhearsnachd far a bheil mu 1% den t-sluaigh comasach a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Aig àm an rannsachadh seo bha trìuir tidsearan agus aon neach-taic an sàs le FtMG.

Bha an rannsachadh seo a' cleachadh dòigh-obrach ioma-mhodhail, a bha a' gabhail a-steach measadh air dàta bun-loidhne, a bha air an cruinneachadh mar phàirt de theagaisg agus ionnsachadh àbhaisteach air sgilean tuigse Gàidhlig na cloinne agus com-pàirteachas le obair-dhachaigh. A bharrachd air sin bha an fiosrachadh seo air leasachadh le ceisteachain airson luchd-cùraim agus còmhraidhean ionnsachaidh leis na cloinne. Thòisich an rannsachadh seo dìreach às dèidh fosgladh nan sgoilean san Lùnastal 2020 agus ga chumail a' dol gus às dèidh an dàrna dùnadh nan sgoilean sa Ghiblean 2021. Bha an dàta air an cruinneachadh le sgoilearan ann am Bun-sgoil 2 (6 bliadhna a dh'aois) air an robhar den bheachd gun robh dùnadh nan sgoilean air buaidh as motha a chur, a thaobh leasachadh sgilean Gàidhlig, air sgàth 's dìth taic thidsearan agus bogadh sa chànan aig àm a' chiad dùnadh nan sgoiltean (nuair a bha iad ann an clas bun-sgoile 1).

Ceisteachan luchd-cùraim

Fhuair a h-uile neach-cùraim cloinne a bha clàraichte ann am FtMG ann an sgoil cuireadh pàirt a ghabhail ann an ceisteachan phàrantan, a chaidh a chruthachadh agus a riaghladh air loidhne. Bha fèin-rianachd nan ceisteachan a' ciallachadh gum b'urrainnear an suirbhidh a lìonadh aig àm a bha iomchaidh dha luchd-lionaidh (Bryman, 2012) agus gun robh freagairtean neo-ainmeach (McNeill, 2005). Bha comas an t-suirbhidh a lìonadh neo-ainmeach gu sònraichte cudromach anns an rannsachadh oir bha an neach-rannsachaidh aon de na tidsearan agus bha an luchd-cùraim eòlach oirre agus bha seo a' ciallachadh gun robh luchd-fhreagairt comasach a bhith nas fosgailte (Dörnyei & Taguchi, 2009). Chaidh an ceisteachan a dhealbhadh gus na ghabh e a lìonadh ann an ùine ghoirid, ann an 10 gu 15 mionaidhean agus bha 18 ceistean ann, le 13 dhiubh iomadh-roghainn agus 5 ceistean

far a chaidh faighneachd dha luchd-lionaidh freagairt nas fhaide a chur ann. B' ann roghainneil a bha a h-uile ceist gus cothrom a thoirt dha luchd-lionaidh na ceistean a bha iad ag iarraidh a fhreagairt.

Bha na ceistean san t-suirbhidh air an dealbhadh gus sealladh farsaigh a thoirt air ìre cleachdadh na Gàidhlig an cuid cloinne agus com-pàirteachadh ann an gnìomhan ionnsachaidh aig an taigh agus bha 4 cuspairean farsaigh aig a' cheisteachan seo. B' e cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh no leis an teaghlach a bh' aig a' chiad chuspair. B' e com-pàirteachadh ann an gnìomhan obair-dhachaigh ro dùnadh nan sgoiltean a bh' aig an dara cuspair. Bha an treas cuspair na com-pàirteachadh ann an gnìomhan goireasan ionnsachaidh air loidhne aig àm teagasg agus ionnsachaidh cian èiginneach, leis an ceathramh fear co-cheangailte ris an treas cuspair agus a' sgrùdadh inntrigidh ri goireasan air-loidhne ann an dachaigh. Bha na ceisteachan air an sgaoileadh ri luchd-cùraim le clann ann an clasaichean bogaidh shlàn agus clann ann an clasaichean bogaidh, le àireamh bheag de luchd-cùraim aig an robh clann ann an dà chlas.

Coimhreachd a' chlas, measaidhean, agus conaltraidhean ionnsachaidh

A bharrachd air ceisteachan luchd-cùraim, bha an rannsachadh seo air coimhreachd a' chlas, le fòcas air gnìomhan labhairt agus èisteachd ann an teagasg agus ionnsachadh àbhaisteachd sa chlas. A bharrachd air sin, chaidh measaidhean clas air an coileanachadh le sgoilearan aig toiseach an teirm san Lùnastal 2020, dìreach às dèidh fosgladh nan sgoiltean. Bha am measadh seo air a chleachdadh a-rithist aig deireadh a' chiad teirm san Dàmhair 2020. Bha am measadh air an cleachdadh ron sin san sgoil gus adhartas ann an leasachadh cànan nan sgoilearan a mheasadh agus 's iad stèidhichte air buill Curraicealam airson Sàr-mhathais ann an Ìre Tràth (a' gabhail a-steach na chiad bliadhnaichean den bhun-sgoil) (Learning & Teaching Scotland, 2008). Bha an coimhreachd agus na measaidhean a' gabhail a-steach aois agus ìre a' chlann agus briseadh ionnsachaidh air sgàth 's dùnaidhean Covid. B' conaltradh aghaidh ri aghaidh leis an tidsear a bh' ann am measaidhean labhairt agus èisteachd; leis an tidsear a' leughadh na ceist sa Ghàidhlig, leis an dùil gum biodh a' chlann a' freagairt. Bha an tidsear an uair sin a' clàradh nan robh am freagairt sa Ghàidhlig, sa Bheurla, oir mura robh tuigse aig a' chlann. Mura robh a' chlann a' freagairt sa Bheurla no le freagairt ceàrr, bha am freagairt ceart ga thoirt seachad agus ga deilbheadh leis an tidsear, a rèir molaidhean thidsearan a thaobh mearachdan cànan (Her Majesty's Inspectorate of Education (Scotland), 2011).

Bha a h-uile sgoilear ann an clas làn-bogaidh air pàirt a ghabhail ann am measadh, ged nach robh iad uile an sàs mar chom-pàirteachaidh. Bha na coimhreachdan air am beachdachadh leis na tidsearan eile gus dèanamh cinnteach gun robh iad nan iomradh ceart de chomasan cànan agus adhartas na cloinne. Bha a h-uile sgoilear ann am BS1 gu BS3 air pàirt a ghabhail ann an dà mheasadh eile – às dèidh làithean saora an foghair agus fear eile ron làithean saora na Nollaige. Be seo an t-àm far an robhar a' cleachdadh gnìomhan co-mheasgaichte. Bha gnìomhan co-mheasgaichte air am mìneachadh le Garrison and Kanuka (2004) mar 'inntrigidh brioghail eadar teagaisg agus ionnsachaidh aghaidh-ri-aghaidh sa chlas agus gnìomhan air loidhne'. Bha na gnìomhan seo air an cur air dòigh gus taic a thoirt dha ionnsachaidh cho fad 's bha bacadh riaghailtean Covid a' ciallachadh nach b'urrainnear stuthan mar leabhraichean agus duilleagan-obrach a thoirt dhachaigh.

Bha na gnìomhan seo a' gabhail a-steach gus cur ris an ionnsachadh cànanain ann an seòmar-teagaisg. Bha taghadh de gnìomhan air-loidhne eadar-dhealaichte aig a' chlann agus an luchd-cùraim, a' gabhail a-steach goireasan làir-chlaisneach air an cruthachadh leis an tidsear fhèin or le buidheann (foghlam) Gàidhlig. Chaidh iarraidh air a' chlann comharrachadh dè na gnìomhan a rinn iad tron seachdain agus innse mun ionnsachadh aca fhèin anns an sgoil agus aig an taigh, aig deireadh gach seachdain. Bha na sgoilearan air pàirt a ghabhail ann an conaltraidhean ionnsachaidh cuideachd leis na tidsearan. Anns na còmhraidhean seo chaidh iarraidh orra beachdachadh air com-pàirteachadh ann an gnìomhan dachaigh, aig àm dùnaidhean nan sgoiltean agus àm às dèidh sin, cho math ri cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

Toraidhean agus beachdan

Tha sgrùdadh de mheasaidhean clas air adhartas comasan agus misneachd sa Ghàidhlig a mheasadh thairis air ùine. B' e 42.9% a bh' ann an cuibheas-meadhain nam measaidhean seo, a bha a' tachairt dìreach nuair a dh' ath-fhosgail na sgoiltean, Bha fosgladh na sgoiltean agus teagasg aghaidh-ri-aghaidh, ann an àrainneachd bogaidh, ag adhbharachadh àrdachadh de 16% nuair a bha a' chlann aig ath-mheasadh ann an Dàmhair. Cha b' ann uile-choitcheann a bh' ann an adhartas seo, le toraidhean dithis gun atharrachadh agus trìuir le toraidhean nas ìsle, ach cha robh an ais-cheumnachadh seo brìgheil gu staitistigeach agus 's dòcha air adhbharachadh le làitean-saora de dhà sheachdain dìreach ron a' mheasaidh. Thachair measadh eile dìreach ro làithean saora na Càisge, le àrdachadh de 24.1% an taca ris a' mheasadh ann an Lùnsastal ach 8% an taca ris a' mheasadh ann an Dàmhair nuair a thòisich gnìomhan co-mheasgaichte.

Tha na toraidhean seo a' sealltainn àrdachadh cumanta de chomasan cloinne ach tha sgùdadh mionaideach den treas measaidh agus, comas ri toraidhean measaidhean eile, a' sealltainn gu soilleir buaidh com-pàirteachais obair-dachaigh air loidhne air comasan cànanain. B' e àrdachadh de 14.3% a bharrachd a th' aig clann a bha air na gnìomhan air loidhne uile a dhèanamh an taca ris an àm eadar Lùnastal agus Dàmhair, nuair nach robh gnìomhan obair-dhachaigh ann. Bha an àrdachadh ann an comasan gu tùr eadar-dhealaichte bhon adhartas a rinn cloinne nach robh ach an darna leth no nas lugha de gnìomhan obair-dhachaigh air loidhne a dhèanamh. Bha clann anns a' bhuidheann seo air toraidhean àrdachadh le 1.8% eadar Dàmhair agus Dùbhlachd. Ged a tha e coltach gu bheil na toraidhean seo air buaidh eadar àrdachadh comasan cànanain agus com-pàirteachas gnìomhan air-loidhne air stèidheachadh, tha seo cuideachd air ceistean cudromach a thogail a thaobh adhbharan de chom-pàirteachas anns na gnìomhan seo.

Teicneolas

Bha sgrùdadh ceisteachan luchd-cùraim agus conaltraidhean ionnsachaidh leis a' chlann a' sealltainn adbharan iom-fhillte a thug buaidh, dìreach agus neo-dhìreach, air com-pàirteachadh agus coileanadh nan gnìomhan. B' e inntigridh de teicneolas agus faotainneachd ghoireasan gus na gnìomhan a choileanadh a bha aon de na h-adhbharan. Bha seo cuideachd air ainmeachadh mar bacadh agus adhbharachadh neo-ionnannachd foghlaim aig àm dùnadh na sgoiltean (Bayrakdar & Guveli, 2020; Dimopoulos et al., 2021; Easterbrook et al., 2022). Tha seo a' ciallachadh nach robh innealan gu leòr

ann airson a h-uile duine san teaghlach, gu sònraichte nan robh barrachd na aonar cloinne sa teaghlach, bha seo cuideachd air a dhearbhadh le (Hajar & Manan, 2022), no innealan aig nach robh comasan gu leòr. A bharrachd air sin, bha cuid de luchd-cùrain air innse nach robh iad comasach cuid de na làraich-lìn a chleachdadh (mar eisimpleir bhideothan a chaidh air a chruthachadh le BBC Alba, an t-seanail Gàidhlig aig a' BhBC oir nach robh cead Tbh aca) – ged a chaidh cuid de na goireasan air faotainn às dèidh làimh air làrach-lìn eile (an leithid YouTube) (Scottish Government, 2020).

Cha be (dìth) goireasan teicneolach an aon adhbhar a bha air buaidh a thoirt air com-pàirteachas obair dachaigh. Mar a sgrìobh Farrell and Danby (2015) agus Head (2020), bha an luchd-cùrain nam 'luchd-geata obair dhachaigh', gu sònraichte airson cloinne as òige. Anns an sgrùdadh seo chaidh dà sheòrsa de ghlèidheadh air aithneachadh: aon dhaibh co-cheangailte ri goireasan teicneolach obair dachaigh agus am fear eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Tha an dà seòrsa de ghlèidheadh seo air toirt buaidh air coileanadh obair dachaigh air loidhne ann an dòighean eadar-dhealaichte, ach ag adhbharachadh com-pàirteachas cuingichte cloinne. Ged a tha cuid de na sgrùdaidhean rannsachaidh (faic, mar eisimpleir Head (2020)) air aithneachadh gum b'fhèarr leis an luchd-cùrain leth-bhreacan cruthach de ghnìomhan agus stiùireadh obair dachaigh, cha robh toraidhean an rannsachaidh seo air an aon rud a' sealltainn, le 84% de luchd-cùrain ag innse, anns an ceisteachan, gum biodh iad toilichte taic a thoirt dha obair dhachaigh air loidhne (le 16% air freagairt gum biodh iad air beachdachadh a bhith an sàs), ged an robh seo ron a bha ionnsachadh co-mheasgaichte air a chleachdadh leis na cloinne.

Bha glèidheadh didseatach eile co-cheangailte ri sgilean teicneolach aig an luchd-cùrain. Bha na sgilean teicneolach seo, coltach ri faotainneachd ghoireasan aig an taigh, air bacadh a thoirt air taic luchd-cùrain le intrigeadh agus coileanadh ghnìomhan (Safriyani, 2022). Bha feum aig na cloinne anns an rannsachadh seo air beagan taic (gu sònraichte aig an toiseach) le cleachdadh nan goireasan air loidhne agus bha luchd-cùrain mothachail air dùilean nan tidsearan gus taic a thoirt dha ghnìomhan air loidhne. Bha an luchd-cùrain air uallach airson innse dha na tidsearan de an obair a rinn an cuid cloinne aca agus bha cliath air a lionadh. Bha seo a' ciallachadh gun robh na h-iarrtasan sgoile air an toirt dhachaigh (Head, 2020), a' ciallachadh gun robh ìre de phroifeiseantachd air an toirt aig raon teaghlaich (McRobbie, 2013), a' ciallachadh gum bi luchd-cùrain air stiùireadh a thoirt dhan chlann agus ag aithris adhartas ri tidsearan (Mahaffey & Kinard, 2020).

Gàidhlig

Bha freagairtean an ceisteanan cuideachd air ideòlasan luchd-cùrain ris a' Ghàidhlig air taisbeanadh agus chithear seo ann am freagairtean mu taic a thaobh obair dachaigh traidiseanta cho math ri air loidhne an cuid cloinne aca. Anns an rannsachadh seo bha 47% de luchd-cùrain air innse gun robh cuideigin san teaghlach (leudaichte) aig an robh a' Ghàidhlig leis an robh a' chlann comasach a' Ghàidhlig a chleachdadh, ach, aig an dearbh àm bha iad cuideachd air aithneachadh nach robh a' Ghàidhlig ga cleachdadh (mòran) aig an taigh. Bha luchd-cùrain air aidicheachadh gun robh iad an urrachd ris na tidsearan gus ion-chur Gàidhlig, agus bha seo a' gabhail a-steach amannan nuair a bha an sgoil dùinte agus nuair a bha na tidsearan a thoirt seachad conaltraidhean air loidhne sioncronach. Cha robh a h-uile sgoilear an sàs leis na conaltraidhean seo ged-thà, bha luchd-cùrain air innse gun

robh trioblaidhean teicneolach aca ach cuideachd nach robh siostam conaltraidh air loidhne a' còrdadh ris a h-uile sgoilear.

Bha an com-pàirteachas cuingichte leis a' Ghàidhlig, fiù 's nan robh comasan ann an cànan a chleachdadh aig an taigh, air am faicinn ann an ideòlasan a thaobh ghnìomhan obair dachaigh. Chaidh iarraidh air luchd-cùraim fiosrachadh a thoirt seachad a thaobh com-pàirteachas ann an ghnìomhan obair dachaigh. Ron dùnaidhean Covid-19 bha a' mhòr chuid de na luchd-cùraim (84%) air innse robh an cuid cloinne a choileanadh an obair. Aig àm nan dùnaidhean bha seo a' tuiteam gu 74% agus ged an robh duilgheadasan digiteach (mar a chaidh a bheachdadh roimhe) air buaidh air thoirt air seo, b' be comasan luchd-cùraim fhèin a thaobh cànan a bh' ann aon de na factaran nas motha. Bha na toraidhean seo a' toirt ri rannsachadh aig O'Hanlon et al. (2010), agus a' sealltainn nach eil earbsa aig luchd-cùraim taic a thoirt dhan cuid chloinne a thaobh togail cànan air sgàth 's sgilean cuingichte sa Ghàidhlig.

Mar a sgrìobh Epstein and Sheldon (2002), chan eil ionnsachadh dìreach a' tachairt ann an sgoil, ach cuideachd aig an taigh agus leis an teaghlach, le Fitzmaurice et al. (2020) ag ràdh gu bheil luchd-cùraim a' faireachdainn gum b' urrainn dhaibh taic a thoirt dhan chlann a thaobh ionnsachadh. Bha com-pàirteachas luchd-cùraim air buaidh a thoirt air toraidhean ionnsachaidh aig a' chlann, a' toirt taic brosnachaidh agus coileanadh (Daniela et al., 2021), le Howard et al. (2003) air aithneachadh gu bheil na h-ideòlasan seo gu sònraichte cudromach ann am prògramman bogaidh mion-chànanan mar FtMG. Tha dìth comasan cànan a tha ga chleachdadh na bacadh mòr dha phàrantan, le luchd-cùraim anns an rannsachadh ag innse gun robh duilgheadasan sònraichte aca le litèarrachd, a bha gu tric, na fòcas gnìomhan obair dachaigh (Fitzmaurice et al., 2020). Bha seo a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, fonaigs no leughadh, le leabhraichean Gàidhlig gus leughadh a theagasg air comharrachadh mar dhoirbh gu sònraichte an taca ri leabhraichean Beurla aig an aon ìre, fiù le luchd-cùraim aig an robh beagan Gàidhlig, le aon neach-cùraim den beachd gu robh comasan cànan cuingichte a chur seachad a' clann aca.

Tha dìth comasan cànan na sgoile, Gàidhlig anns an rannsachadh seo, gus dìth taic a thoirt dhan cuid chloinne a' ciallachadh, a rèir Kavanagh and Hickey (2013) air adhbharachadh dìth misneachd agus faireachdainn neo-bhrìgheil gu bheil luchd-cùraim comasach taic a thoirt dha ionnsachadh, agus seo, ag adhbharachadh iomagain, le aon neach-cùraim air innse anns a' cheisteachan gun robh iad a' smaoineachadh gur ann streasail a th' ann an obair dachaigh Gàidhlig, agus cha robh seo cuideachail dhan chuid chloinne aca. Ged gun robh luchd-cùraim a' faireachdainn iomaganach, cha robh iad a' sireadh taic bho taobh a-muigh, mar eisimpleir an taic nàiseanta saor an asgaidh le obair dachaigh (Gaelic4Parents - a chaidh a chur air chois le Stòrlann). Bha luchd-cùraim ann an rannsachadh seo air innse gu bheil iad eòlach air an làrach-lìn seo ach cha robh iad ga chleachdadh, a' ciallachadh gun robh cnapan-starra ann a thaobh taic bho taobh a-muigh.

Bha na faireachdainn neo-bhrìgheil agus streas de dh'obair-dhachaigh tro mheadhan na Gàidhlig air buaidh mhòr a thoirt air dòigh ionnsachaidh aig a' chlann. Fhuair clann anns an rannsachadh dìreach air 26 seachdainnean de fhoglam bogaidh ron a' chiad dùnadh na sgoiltean ann am Màrt agus bha seo

a' ciallachadh gun robh iad fhathast aig ìre toiseachadh sgilean litreachd na Gàidhlig agus ged a bha iad ann an clas bogaidh, bha comasan cuingichte aig a' chlann a thaobh labhairt agus tuigse na Gàidhlig. Bha seo a' ciallachadh gun robh feum aig na sgoilearan seo taic fhaighinn bhon luchd-cùraim gus stiùireadh airson gnìomhan ionnsachaidh a' tuigsinn, leis na tidsearan a thoirt seachad stiùireadh tron làrach ionnsachaidh aig an sgoil ann am Beurla, a' cur cuideam air dìth comasan canain aig an luchd-cùraim, gan cur aghaidh nan gnìomhan agus a' toirt ri beachan àicheil (Hutchison, 2012). Anns an rannsachadh seo bha seo a' ciallachadh gun robh cuid de luchd-cùraim air goireasan agus gnìomhan ann am Beurla a thoirt dhan cuid cloinne aig àm dùnadh na sgoilean oir bha iad 'nas fhasa' agus bha iad nas fhasa fhaighinn na goireasan sa Ghàidhlig, gu sònriachte a thaobh litreachd agus fonaigs.

Bha cleachdadh goireasan sa Bheurla airson gnìomhan a' ciallachadh gun robh a' chlann air ceangal a dhèanamh eadar cleachdadh na Beurla agus ionnsachadh, ged a bha seo an aon raon anns an robhar an dùil a' Ghàidhlig ga cleachdadh agus bha seo a' lagachadh an ceangail eadar inbhe agus cleachdadh a' chànain nam beathannan. Nuair a thòisich na sgoiltean as ùire bha seo a' ciallachadh nach robh cuid de na sgoilearan airson Gàidhlig a chleachdadh ann an seòmar teagaisg, agus thug seo buaidh àicheil air comasan Gàidhlig agus adhartas ann an leasachadh sgilean canain. Tha toraidhean an ceisteachan a' sealltainn gun robh tuigse aig luchd-cùraim air buaidh a thoirt air sgilean canain an cuid cloinne ach cuideachd gu robh iad toilichte a thaobh cleachdadh dòighean ionnsachadh co-mheasgaichte, a bha a' gabhail a-steach obair dachaigh air loidhne gus taic a thoirt aig 'àm ath-shlànachadh'. Bha luchd-cùraim air innse gum b' fhearr leatha bhideothan a chaidh a chruthachadh leis na tidsearan, no bhideothan eile, agus geamaichean air loidhne airson gnìomhan obair dachaigh, a' ciallachadh nach robh comasan sa Ghàidhlig riatanach, ach gum b'urrainn dhaibh taic a thoirt dhan cuid cloinne gun comasan Gàidhlig cho fad 's a bha iad dìreach air taic teicneolach a thoirt dhaibh (Ule et al., 2015) agus a' toirt misneachd (Hajar & Manan, 2022), cho fad 's a bha a' chlann a' stiùireadh an ionnsachadh aca fhèin (Fitzmaurice et al., 2020).

Às dèidh sgrùdadh freagairtean a' cheisteachan bha na tidsearan a thoirt seachad bhideothan leotha fhèin mar obair dachaigh. Bha na bhideothan a' cur ri teagasg, ionnsachadh agus cànan a chaidh a chleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus bha luchd-cùraim air am moladh gan coimhead còmhla ris a' chlann. Ann an conaltradhean ionnsachaidh leis an tidsear chaidh iarraidh dhan a' chlann nan robh iad air na bhideothan a chleachdadh ann an ionnsachadh aig an taigh. Bha a' chlann uile air iomradh a thoirt air com-pàirteachadh luchd-cùraim, a' cur taic ri toraidhean (Hutchison, 2012) a bha a' sealltainn gun robh mathraichean an sàs nas trice na athraichean, ach cuideachd gu bheil obair dhachaigh na cleachdaidh a tha a' sgrùdadh le luchd-cùraim (Farrell & Danby, 2015), far an robh luchd-cùraim nam luchd-geata ann an com-pàirteachadh agus coileanadh obair-dachaigh.

Bha freagairtean nan cloinne air an sgrùdadh a rèir ìre de chom-pàirteachadh leis an obair-dhachaigh air loidhne. Bha a' chlann nach robh air na gnìomhan a choileanadh air innse gun robh cùisean teicneolach, gu sònraichte inntrigeadh air goireasan digiteach mar bhacadh. Bha cuid dhaibh cuideachd air ainmeachadh adhbharan ideòlach – gu tric tro innse nach robh an neach-cùraim ann gus taic a thoirt

dhaibh (mar eisimpleir: “tha mo mhàthair trang” no “bha mo mhàthair air diochuimneachadh oir bha ise aig obair air a’ choimpiutair” no “cha robh mòran tìde gus an coimhead”) – ’s dòcha air sgàth dìth misneachd gus taic a thoirt dha ionnsachadh cloinne oir cha robh a’ chànan aca (Hornby & Lafaele, 2011).

Bha na cloinne aig an robh cothroman aca a bhith an obair dachaigh a dhèanamh leis an luchd-cùraim uile ag ràdh gun robh iad gan coimhead ri chèile, gu tric ag innse gun do chord na bhideothan leotha agus gun robh iad gan coimhead a-rithist agus a-rithist, “tha mamaidh toilichte gam chuideachadh le faclan ùra” agus clann eile ag ràdh gun robh na bhideothan gu math cuideachail agus gun robh iad ag ionnsachadh còmhla ris an luchd-cùraim. Bha na freagairtean aig na cloinne seo air moladh gun robh cuid de luchd-cùraim toilichte a bhith nam com-pàirtiche ann an ionnsachadh an cuid cloinne agus nach robh dìth comasan na bacadh ann an taic, ach, gun robh seo na rud deimhinneach – a’ cruathachadh àrainneachd comh-ionnsachaidh agus ag atharrachadh co-chothrom leis an luchd-cùraim ag atharrachadh bhon a bhith a’ stiùireadh an ionnsachaidh a-mhàin gu com-pàirteachadh ann am pròiseas ionnsachaidh, le aonar clann ag ràdh gun robh e “sporsail” a bhith ag ionnsachadh còmhla ris an luchd-cùraim.

Co-dhùnadh

Tha Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na prìomh dòigh gus a’ chànan a thogail ann an daoine òga agus tha an solarachadh air fàs air sgàth iarrtasan luchd-cùraim. Cha robh comasan cànan aig a’ mhòrchuid de luchd-cùraim aig na sgoilearan seo, no comasan an cànan a chleachdadh aig an taigh. Tha seo a’ ciallachadh gu bheil an tidsear na prìomh tùs de Ghàidhlig agus a’ cur bacadh air buaidh luchd-cùraim ann an ionnsachadh (cànan) aig a’ chlann. Tha an rannsachadh seo air nàdar nan dùbhlann seo a sgrùdadh, a bha air an soillseachadh agus air am fàs nas miosa aig àm dùnaidhean sgoilean air sgàth ‘s Covid. Aig an àm seo bha dùilean ùra aig luchd-cùraim (Hajar & Manan, 2022) agus bha cuideam air a chur air teicneolas, a’ ciallachadh gun robh iarrtasan na sgoile a’ tighinn dhachaigh (Reay, 2005).

Tha an rannsachadh seo a’ sealltainn gun robh comasan cànan aig a’ clann air ardachadh nuair a thòisich teagaasg agus ionnsachaidh aghaidh-ri-aghaidh ann an suidheachadh bogaidh, le cuid de na cloinne gun mòran Gàidhlig aig àm nan dùnaidhean, leis an luchd-cùraim a thoirt seachad goireasan agus gnìomhan Beurla aig an àm seo. Bha inntigeadh dòighean co-mheasgaichte, le gnìomhan air loidhne airson cleachdadh aig an taigh (bhideothan) air an cruthachadh gus taic a thoirt dha ionnsachadh agus teagasg san chlas air taic a thoirt dha adhartas le comasan Gàidhlig. Bha an adhartas seo an urra ri glèidheadh an luchd-cùraim a thaobh teicneolas agus ideòlasan. Bha glèidheadh teicneolas seo co-cheangailte ri goireasan agus sgilean digiteach aig an luchd-cùraim, ged a bha seo ga taisbeanadh ann an dòighean eadar-dhealaichte, mar eisimpleir tron a bhith ag ràdh gum b’fheàrr leotha goireasan air pàipear airson an cuid cloinne ach cuideachd leis a’ clann ag innse nach robh innealan aig an taigh gus na gnìomhan a dhèanamh air loidhne.

Bha tar-iadhadh eadar seo agus glèidheadh ideòlasan, le luchd-cùraim air innse gun robh iad (ron inntigeadh dòighean ionnsachaidh co-mheasgaichte) a’ faireachdainn fo uallach agus nach robh iad

a' faireachdainn comasach taic a thoirt dha ionnsachadh na cloinne. Tha toraidhean an rannsachaidh seo a' sealltainn gu bheil cleachdadh goireasan lèir-chlaisneach gus taic a thoirt ri ionnsachadh agus teagasg na tha a' tachairt ann an seòmar teagaisg, nas cuideachail na gnìomhan litreachais traidseanta, ann am brosnachadh sgilean cànanain agus a' cruthachadh ideòlasan deimhinneach ri comasan cànanain, fiù 's mura h-eil na comasan cànanain aig an luchd-cùraim, a tha air misneachd a bharrachd air thoirt air (cleachdadh na) Gàidhlig agus comasan cànanain, an taca ri clann aig nach eil na cothroman ionnsachaidh seo.

Bha clann anns an rannsachadh seo ag ràdh gun do chòrd an ionnsachadh còmhla ris an luchd-cùraim riutha agus gun robh iad air na goireasan air loidhne air ath-chleachdadh a-rithist agus a-rithist. Chan fhad solarachadh goireasan air loidhne air taobhaich air sgilean cànanain ach cuideachd a' gabhail a-steach raonnan eile de churraicealam, mar eisimpleir matamataig a' solarachadh tro mheadhan na Gàidhlig, a' toirt seachadh àrainneachd cànanach na Gàidhlig aig an taigh. Ged nach fhad farail neo-ghnìomhach, mar eisimpleir bhideothan no goireasan eile, air adhbharachadh toraidhean nas fhèarr a thaobh sgilean cànanain leis fhèin (Oh et al., 2020) tha seo air àrainneachd air cruthachadh a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig agus far a bheil a' chànan na phàirt den àrainneachd; a' toirt na Gàidhlig air falbh bhon seomar-teagaisg agus ga toirt a-steach san dachaigh ann an dòigh far nach fhad an luchd-cùraim comasach a' chànan a chleachdadh agus ag isleachadh iomagain co-cheangailte ri obair dachaigh, agus aig an dearbh àm a' brosnachadh com-pàirteachadh an luchd-cùraim (Epstein & Van Voorhis, 2012).

Bha na toraidhean a' sealltainn dòighean anns am b'urrainn ceanglaichean eadar com-pàirteachadh luchd-cùraim agus seòmar-teagaisg a neartachadh ann an suidheachaidhean eile far a bheil cànan na sgoile eadar-dhealaichte bho chànan an dachaigh, ach cuideachd nas farsainge gus taic a thoirt dha dh'ionnsachadh. Bha dùnaidhean nan sgoiltean air sealltainn gun gabh teichneolas ùra a chleachdadh, chan ann gus ath-sholarachadh teagasig aghaidh-ri-aghaidh, ach gus taic a thoirt dha dh'ionnsachadh agus teagasg agus mar dòigh iomlanach, ag aithneachadh gu bheil ionnsachadh a' tachairt ann an iomadh raointean taobh a-muigh siostam an fhoghlaim agus ag aithneachadh gu bheil luchd-cùraim na phàirt mòr ann an ionnsachadh seo.

References

BAUMFIELD, V., HALL, E. and WALL, K., (2012). *Action research in education: Learning through practitioner enquiry*. London: Sage.

BAYRAKDAR, S. and GUVELI, A., (2020). Inequalities in home learning and schools' provision of distance teaching during school closure of COVID-19 lockdown in the UK. ISER Working Paper Series.

BBC, (2020). *Gaelic to be 'default' language for new pupils in Western Isles schools* [Online]. BBC. Available: <https://www.bbc.co.uk/news/uk-scotland-highlands-islands-51221475>

BIRNIE, I., (2018). *'Gàidhlig ga bruidhinn an seo?' – Linguistic practices and Gaelic language management initiatives in Stornoway, the Western Isles of Scotland*. PhD, University of Aberdeen.

BROWN, J., MCLENNAN, C., MERCIECA, D., MERCIECA, D.P., ROBERTSON, D.P. and VALENTINE, E., (2021). Technology as third space: teachers in Scottish schools engaging with and being challenged by digital technology in first COVID-19 lockdown. *Education Sciences*, **11**, pp.136-152. <https://doi.org/10.3390/educsci11030136>

BRYMAN, A., (2012). *Social Research Methods*. Oxford: Oxford University Press.

CHAABANE, S., DORAISWAMY, S., CHAABNA, K., MAMTANI, R. and CHEEMA, S., (2021). The Impact of COVID-19 School Closure on Child and Adolescent Health: A Rapid Systematic Review. *Children*, **8**(5), p.415. <https://doi.org/10.3390/children8050415>

DANIELA, L., RUBENE, Z. and RÜDOLFA, A., (2021). Parents' Perspectives on Remote Learning in the Pandemic Context. *Sustainability*, **13**(7), p.3640. <https://doi.org/10.3390/su13073640>

DIMOPOULOS, K., KOUTSAMPELAS, C. and TSATSARONI, A., (2021). Home schooling through online teaching in the era of COVID-19: Exploring the role of home-related factors that deepen educational inequalities across European societies. *European Educational Research Journal*, **20**(4), pp.479-497. <https://doi.org/10.1177/14749041211023331>

DÖRNYEI, Z. and TAGUCHI, T., (2009). *Questionnaires in second language research: Construction, administration, and processing*. New York: Routledge.

EASTERBROOK, M.J., DOYLE, L., GROZEV, V.H., KOSAKOWSKA-BEREZECKA, N., HARRIS, P. R. and PHALET, K., (2022). Socioeconomic and gender inequalities in home learning during the COVID-19 pandemic: examining the roles of the home environment, parent supervision, and educational provisions. *Educational and Developmental Psychologist*, **40**(1), pp.27-39. <https://doi.org/10.1080/20590776.2021.2014281>

- EPSTEIN, J.L. and SHELDON, S.B., (2002). Present and accounted for: Improving student attendance through family and community involvement. *The Journal of Educational Research*, **95**(5), pp.308-318. <https://doi.org/10.1080/00220670209596604>
- FARRELL, A. and DANBY, S., (2015). How does homework 'work' for young children? Children's accounts of homework in their everyday lives. *British Journal of Sociology of Education*, **36**(2), pp.250-269. <https://doi.org/10.1080/01425692.2013.814532>
- FITZMAURICE, H., FLYNN, M. and HANAFIN, J., (2020). Parental involvement in homework: A qualitative Bourdieusian study of class, privilege, and social reproduction. *International studies in sociology of education*, **30**(4), pp.440-461. <https://doi.org/10.1080/09620214.2020.1789490>
- GARRISON, D.R. and KANUKA, H., (2004). Blended learning: Uncovering its transformative potential in higher education. *The internet and higher education*, **7**(2), pp.95-105. <https://doi.org/10.1016/j.iheduc.2004.02.001>
- GENESE, F. and JARED, D., (2008). Literacy development in early French immersion programs. *Canadian Psychology/Psychologie canadienne*, **49**(2), pp.140-147. <https://doi.org/10.1037/0708-5591.49.2.140>
- GREEN, C.L., WALKER, J.M., HOOVER-DEMPSEY, K.V. and SANDLER, H.M., (2007). Parents' motivations for involvement in children's education: An empirical test of a theoretical model of parental involvement. *Journal of educational psychology*, **99**, p.532.
- HAJAR, A. and MANAN, S.A., (2022). Emergency remote English language teaching and learning: Voices of primary school students and teachers in Kazakhstan. *Review of Education*, **10**(2), p.3358. <https://doi.org/10.1002/rev3.3358>
- HEAD, E., (2020). Digital technologies and parental involvement in education: the experiences of mothers of primary school-aged children. *British journal of sociology of education*, **41**(5), pp.593-607. <https://doi.org/10.1080/01425692.2020.1776594>
- HER MAJESTY'S INSPECTORATE OF EDUCATION (SCOTLAND), (2011). *Gaelic Education: Building on the successes, addressing the barriers*. Edinburgh: HMIE
- HODGES, C.B., MOORE, S., LOCKEE, B.B., TRUST, T. and BOND, M.A., (2020). The difference between emergency remote teaching and online learning. *Educause Review*
- HOFFMAN, J.A., and MILLER, E.A., (2020). Addressing the consequences of school closure due to COVID-19 on children's physical and mental well-being. *World medical & health policy*, **12**(3), pp.300-310. <https://doi.org/10.1002/wmh3.365>
- HORNBY, G. and LAFAELE, R., (2011). Barriers to parental involvement in education: an explanatory model. *Educational Review*, **63**(1), pp.37-52. <https://doi.org/10.1080/00131911.2010.488049>

HUTCHISON, K., (2012). A labour of love: Mothers, emotional capital and homework. *Gender and Education*, 24(2), pp.195-212. <https://doi.org/10.1080/09540253.2011.602329>

JAKOBSEN, J., (2011). Education, recognition and the Sami people of Norway. In: H. NIEDRIG and C. YDESEN, eds., *Writing postcolonial histories of intercultural education*. Frankfurt, Germany: Peter Lang Publishing Group.

JOHNSTONE, R., (2002). Immersion in a second or additional language at school: a review of international research. Stirling: Scotland's National Centre for Languages.

KATZ, I., EILLOT, K. and NEVO, N., (2014). "I'll do it later": Type of motivation, self-efficacy and homework procrastination. *Motivation and Emotion*, 38, pp.111-119. <https://doi.org/10.1007/s11031-013-9366-1>

KAVANAGH, L. and HICKEY, T. M., (2013). 'You're looking at this different language and it freezes you out straight away': Identifying challenges to parental involvement among immersion parents. *Language and education*, 27(5), pp.432-450. <https://doi.org/10.1080/09500782.2012.714388>

LEARNING and TEACHING SCOTLAND, (2008). Curriculum for excellence: Experiences and outcomes. Edinburgh: LTS

MAHAFFEY, F. and KINARD, W., (2020). Promoting the home-school connection during crisis teaching. In: R.E. FERDIG, E. BAUMGARTNER, R. HARTSHORNE, R. KAPLAN_RAKOWSKI and C. MOUZA, eds., *Teaching, technology, and teacher education during the COVID-19 pandemic: Stories from the field*. Association for the Advancement of Computing in Education (AACE).pp.235-238.

MCLEOD, W., (2010). Poileasaidh Leasachaidh na Gàidhlig: Paradaim Ùr. [Gaelic Development Policy: a new paradigm] In: G. MUNRO and I. MAC AN TÀILLEIR, eds., *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-diugh [Gaelic Communities Today]*. 1 ed. Edinburgh: Dunedin Academic Press.

MCNEILL, P., (2005). *Research methods*. New York: Routledge.

MCROBBIE, A., (2013). Feminism, the family and the new 'mediated' maternalism. *New Formations*, 80, pp.119-137.

MORGAN, P., (2021). *Dàta Foghlaim Ghàidhlig [Gaelic Education Data] 2020-21*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

NATIONAL RECORDS OF SCOTLAND, (2015). *Scotland's Census 2011: Gaelic report (part 1)*. Edinburgh: National Records of Scotland.

NUGROHO, D., PASQUIN, C., REUGE, N. and AMARO, D., (2020). COVID-19: How are Countries Preparing to Mitigate the Learning Loss as Schools Reopen? Trends and Emerging Good Practices to Support the Most Vulnerable Children. Innocenti Research Briefs. Florence: UNICEF.

O'HANLON, F., (2014). Choice of Scottish Gaelic-medium and Welsh-medium education at the primary and secondary school stages: parent and pupil perspectives. *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 18(2), pp.242-259. <https://doi.org/10.1080/13670050.2014.923374>

O'HANLON, F., (2010). Gaelic-Medium Primary Education in Scotland: Towards a New Taxonomy? In: G. MUNRO and I. MAC AN TÀILLEIR, eds., *Coimhearsnachdan na Gàidhlig an-diugh [Gaelic Communities Today]*. Edinburgh: Dunedin Academic Press.

O'HANLON, F., MCLEOD, F. and PATERSON, L., (2010). *Gaelic-medium education in Scotland: choice and attainment at the primary and secondary school stages*. Final report of the project 'The Output of Gaelic Education'. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

PATALL, E. A., COOPER, H. and ROBINSON, J.C., (2008). Parent Involvement in Homework: A Research Synthesis. *Review of Educational Research*, 78(4), pp.1039-1101. <https://doi.org/10.3102/0034654308325185>

PENSIERO, N., KELLY, A. and BOKHOVE, C., (2020). Learning inequalities during the Covid-19 pandemic: how families cope with home-schooling. University of Southampton: Public Policy

REAY, D., (2005). Doing the dirty work of social class? Mothers' work in support of their children's schooling. *The Sociological Review*, 53(2), pp.104-115. <https://doi.org/10.1111/j.1467-954X.2005.00575.x>

SAFRIYANI, R., FAUZI, A., and ASMIYAH, S., (2022). Emergency Remote Learning in a Foreign Language Learning: The Parents' Involvement. *Journal of English Education and Teaching*, 6(1), pp.27 - 44. <https://doi.org/10.33369/jeet.6.1.27-44>

SCOTTISH GOVERNMENT, (2020). *Coronavirus (COVID-19): Gaelic medium education* [Online]. Available: <https://www.gov.scot/publications/coronavirus-covid-19-gaelic-medium-education/>

SCOTTISH GOVERNMENT, (2021). *Education Recovery: Key Actions and Next Steps. The contribution of education to Scotland's COVID Recovery*. Edinburgh: SG.

STEPHEN, C., MCPAKE, J., MCLEOD, W. and POLLOCK, I., (2011). *Investigating children's learning experiences in Gaelic-medium pre-school*. Research Briefing, University of Stirling.

ULE, M., ŽIVODER, A. and DU BOIS-REYMOND, M., (2015). 'Simply the best for my children': patterns of parental involvement in education. *International Journal of Qualitative Studies in Education*, 28(3), pp.329-348. <https://doi.org/10.1080/09518398.2014.987852>

WHITEHEAD, M., TAYLOR-ROBINSON, D. and BARR, B., (2021). Poverty, health, and covid-19. *The British Medical Journal*, 372, pp.1-2. <https://doi.org/10.1136/bmj.n376>

WU, J.T., MEI, S., LUO, S., LEUNG, K., LIU, D., LV, Q., LIU, J., LI, Y., PREM, K. and JIT, M., (2022). A global assessment of the impact of school closure in reducing COVID-19 spread. *Philosophical Transactions of the Royal Society A*, **380**(2214). <https://doi.org/10.1098/rsta.2021.0124>